




‘S e Èiceo-sgoil a th’ ann an sgoil againn




Cuidich an Àrainneachd

Tha sinn airson an àrainneach a chuideachadh.

Tha tòrr bheachdan againn.

Bidh sinn ag obair còmhla gus an àrainneach a chuideachadh agus an sgoil againn a chumail glan.

‘S e Èiceo-sgoiltean an t-ainm th’ air seo.



Bratach Uaine

Bidh sinn a' cruthachadh phlanaichean leis na beachdan a th' againn.

Bidh sinn ag obair còmhla air pròiseactan.

Bidh sinn a' gabhail spòrs fhad 's a tha sinn ag ionnsachadh mun àrainneachd.

'S urrainn dhuinn bratach uaine fhaighinn airson ar n-obair.

Innsidh bratach uaine dhan a h-uile duine gu bheil sinn ag obair gus ar n-àrainneachd a chuideachd.

An seo tha cuid de na rudan a nì sinn airson Èiceo-sgoiltean.



Sgudal

Bidh sinn a' teagaisg dhaoine eile
mu gun a bhith a' fàgail sgudal.

Bidh na tidsearan a' dèanamh
Glan Suas còmhla ruin gus an
sgoil a chumail glan.

Bidh sinn a' dèanamh cinnteach
gun tèid sgudal san àite cheart.

Bidh sinn a' lughdachadh, ag ath-
chleachdadh agus ag ath-
chuirteachadh.





Atharrachadh na Gnàth-shìde

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
Atharrachadh na Gnàth-shìde

Bidh sinn ag ionnsachadh mun
bhuaidh a bheir e air an t-
saoghal.


Bidh sinn a' dèanamh gnìomh
gnàth-shìde aig an taigh agus
san sgoil.



An Sgoil

Bidh sinn a' coimhead às dèidh
na sgoile.


Bidh sinn a' coimhead às dèidh
na coimhearsnachd.



Nàdar

Bidh sinn a' coimhead às dèidh
bheathaichean agus lusan.


Bidh sinn a' cruthachadh
àiteachan far am faod beathai-
chean fuireach air làrach na
sgoile.



Lùth Dealain

Bidh sinn a' sàbhalachadh lùth
nuair as urrainn dhuinn.

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
diofar sheòrsaichean lùtha.




Uisge

Bidh sinn a' sàbhalachadh uisge
nuair as urrainn dhuinn.

Bidh sinn a' cuideachadh le
bhith a' cumail ar n-uisge glan.

Bidh sinn ag ionnsachadh mu cò
as a tha ar n-uisge a' tighinn.







Bus

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
diofar dhòighean siubhail

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
ciamar a tha am biadh againn a'
siubhal dha na bùthan.






Fallain

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
bhith gar cumail fallain.

Bidh sinn a' coimhead às dèidh
ar caraidean.

Tha fios againn gu bheil sinn
nas fhallaine nuair a bhios sinn
a' coimhead às dèidh na h-
àrainneachd.



Biadh

Bidh sinn ag ionnsachadh mu cò
às a tha am biadh a' tighinn.

Bidh sinn a' fàs biadh anns a'
ghàrradh againn.

Bidh sinn a' feuchainn biadh à
dùthchannan eile.




Cruinne

Bidh sinn ag ionnsachadh mu
chlann ann an dùthchannan eile.

Bidh sinn ag ionnsachadh mu na
's urrainn dhuinn a dhèanamh
mu dheidhinn atharrachadh na
gnàth-shìde.

Bidh sinn a' roinn na beachdan
a th' againn.



Cruinneachadh

Bidh sinn a' roinn ar n-obair le
ar caraidean nuair a bhios
cruinneachadh againn.

Bidh sinn ag innse dhaibh mu
na rudan a rinn sinn.

Bidh sinn a' faighneachd air-
son na beachdan aca.



Bidh tòrr dhaoine a' dèanamh Èiceo-sgoiltean dìreach mar sinn fhèin.

Tha iad a' fuireach ann an 67 dùthchannan eadar-dhealaichte.

Tha barrachd na 19 millean daoine a' dèanamh Èiceo-sgoiltean.

Tha tòrr sgoiltean ann an Alba a' dèanamh Èiceo-sgoiltean, dìreach mar an sgoil againn fhèin.



Bidh sinn ag ionnsachadh mu na h-amasan cruinneil.

Tha na h-amasan cruinneil cudromach airson saoghal nas fheàrr a chruthachadh dhan a h-uile duine.

Tha sinn a' cuideachadh.



Keep Scotland
Beautiful


‘S e carthannas a th’ ann an Keep
Scotland Beautiful.

Bidh iad a’ teagasg dhaoine mun
àrainneachd.

Bidh iad ag iarraidh air daoine gun a
bhith a’ fagail sgudal.

Tha Keep Scotland Beautiful gar
cuideachadh le ar n-obair Èiceo-
sgoiltean.

Cuspairean Èiceo-sgoiltean



Seachd Eileamaidean



Tha Keep Scotland Beautiful na charthannas a bheir seachad iomairtean foghlaim airson clann, daoine òga agus luchd-foghlaim, a sheallas cùisean àrainneachd gus tuigse a leasachadh agus gnìomhachd dheimhinneach a bhrosnachadh. Tha e na phàirt den obair againn gus Alba a dhèanamh nas glaine, nas uaine agus nas seasmhaiche.



T: 01786 471333 E: info@keepscotlandbeautiful.org

 facebook.com/KSBScotland  [@KSBScotland](https://twitter.com/KSBScotland)

www.keepscotlandbeautiful.org

